

An Comunn Gàidhealach

Iuchar / July 2012



An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.
www.ancomunn.co.uk Fòn 01851 703 487. Post-d: marina@ancomunn.co.uk

Facal bho Mhanaidsear a' Mhòid

Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' teannachadh oirnn a-rìthist 's mi fhìn a' fàs gu math eòlach air sgìre Dhùn Omhainn agus muinntir na sgìre le bhith a' frìthealadh choinneamhan shìos an-sin. Tha e duilich a chreidsinn gum bi sinn cruinn còmhla a-rìthist anns an Dàmhair!

Tha mi gu math mothachail gu bheil Comataidh Ionadail a' Mhòid shìos ann an Dùn Omhainn air a bhith a' dèanamh oidhirp mhòr 's ag obair gu cruaidh, 's gu dìcheallach bho chionn fhada a-nis. Tha iad air a bhith a' cur air dòigh iomadh tachartas gus airgead a thogail agus a' dèanamh obair mhòr gus ìomhaigh a' Mhòid a thogail anns an sgìre fhèin. Tha madainnean cofaidh, cèilidhean, a' frìthealadh fhèilltean, a' reic tiocaidean am measg na rudan a tha iad air a' bhith a' dèanamh.

Bha mi fhìn a' seinn aig fear dhe na cèilidhean a bh' aca o chionn mìos far an robhar a' togail airgid airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. Chaidh a cumail ann an taigh-òsta na pàirce, àite a bhios ann an tèis meadhan cùisean nuair a thig am Mòd a Dhùn Omhainn. A dh' aindeoin na h-obrach a rinn a' Chomataidh fhèin air an oidhche le bhith ga cur air dòigh, bha e uabhasach fhèin math a bhith a' faicinn muinntir meur Loch Abair a' cur an taic ris a' ghnòthach cuideachd le bhith a' gabhail pàirt, a' seinn agus a' cumail rian air cùisean. Tha seo a' sealltainn an càirdeas agus bàidh a tha eadar na comataidhean agus meuran fhathast.

Aig deireadh an latha, cha bhiodh am Mòd Nàiseanta a' tachairt as aonais an taic riatanach seo a bhios sinn a' faighinn bho na Comataidhean Ionadail. 'S e obair mhòr, chruaidh, shaor-thoileach a tha aca gach bliadhna. Thathas a' sireadh stiùbhardan, a' togail airgid, a' cur air dòigh iomall a' Mhòid, gur cuideachadh le bhith a' cur air dòigh tallaichean agus iomadh rud eile. Tha sinn fada an comain nan comataidhean iondail 's tha mi cinnteach gur e Mòd math dha-rìreabh eile a bhios aig muinntir Dhùn Omhainn dhuibh a-rìthist am bliadhna.

Feuch gun tadhail sibh air www.dunoonmod2012.org airson tuilleadh fiosrachaidh mu ghnòthaichean Comataidh Ionadail Dhùn Omhainn.

Seumas Greumach

Message from the Mod Manager

The Royal National Mod is nearly upon us again and I'm getting to know Dunoon and its people pretty well now through attending meetings down there. It's hard to believe that we'll all be gathered together again in October!


I'm very aware of the fact that the local organising committee in Dunoon have been making a huge effort, working extremely hard and diligently for a long period now. They've held lots of fundraising events in order to raise money and to help raise the profile of the Mod in the area. Ceilidhs, coffee mornings, attending gala days selling raffle tickets are just a few of the things that have been going on of late.

I sang at one of their fundraising cèilidhs last month, held in the Park Hotel, a place that will be very busy when the Mod comes to Dunoon in October. Despite the work that the committee themselves did in organising the night, it was fantastic to see that members of the Lochaber branch of An Comunn had come to Dunoon to lend their support to the proceedings, performing and keeping the night going. This showed the friendship and goodwill that still exists between past committees and branches.

At the end of the day, the Mod couldn't happen without this huge support that we get from local committees. An enormous amount of work is expected of them each year. Finding stewards, raising money, organising the Mod fringe, helping us with sourcing adequate venues and much, much more. We really appreciate this effort and are indebted to the local committee and I'm sure that it will be another great Mod that awaits you in Dunoon this year.

Visit www.dunoonmod2012.org for more information about Dunoon local Mod committee.

James Graham



Mòdan Ionadail

Tha a' chuid as motha de Mhòdan Ionadail na bliadhna seo a-nis air gabhail àite agus thèid an còrr a chumail as dèidh saor-làithean an t-sàmhraidh.

Tha An Comunn Gàidhealach airson taing a thoirt dhan a h-uile duine a dh'obraich gu saor-thoileach airson na Mòdan a chur air dòigh agus meal-a-naidheachd do gach farpaiseach a ghabh pàirt.

Thèid na Mòdan Ionadail a leanas an cumail anns an t-Sultain. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dha gach Comataidh, farpaiseach agus a-huile duine eile a bhios an sàs anns na Mòdan seo san t-Sultain.

Feuch gun cur sibh thugainn beagan fiosrachadh ag innse mar a chaidh dhuibh!

Provincial Mods

Most of this year's Provincial Mods have now taken place, with the remaining ones taking place after the summer break.

An Comunn Gàidhealach would like to take this opportunity to thank all volunteers involved in organising the Provincial Mods and to congratulate everyone who has taken part.

The following Mods will be taking place in September. We would like to wish all Committee Members, Competitors and all other volunteers, the very best for each Mod.

Let us know how you get on!



Mòd Ionadach na Dreòlluinn

(Mull)

7 & 8 Sultain (September)

Entry Deadline – 31 Iuchar (July)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/mull>

rionawhyte551@gmail.com

Mòd Ionadail Dhail Riata

(Dalriada)

15 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/dalriada>

christinejohnston66@sky.com

Mòd Ionadail Taobh Siar Rois

(Wester Ross)

21 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/wester-ross>
kerry.maclennan@btinternet.com / mairimacneill1@live.co.uk

Mòd Ionadail Taobh an Iar-Dheas Rois

(South West Ross)

21 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/sw-ross/ga>

bi.smith@btopenworld.com

Mòd Ionadail Bharraigh is Bhatarsaigh

(Barra & Vatersay)

21 & 22 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/barra>

jdouglasmacneil@aol.com

Gheibhear liosta de na farpaisean, foirmean-iarrtas agus fiosrachadh mu Chomataidhean na Mòdan Ionadail @

You can view competition details, entry forms & committee information in the Provincial Mod section of our website @ <http://www.acgmod.org/localmods>

Pasgan-taic airson na Mòdan Ionadail

Tha sinn air pasgan a chur ri chèile le foirmean agus fiosrachadh a dh' fhaodadh a bhith feumail dha Comataidhean na Mòdan Ionadail.

Tha seo a' gabhail a-steach rudan mar foirmean-iarrtas, stiùireadh do bhrìtheamhan agus cathraichean, duilleagan breithneachaidh, riaghailtean a' Mhòid agus mar sin air adhart.

Faodaidh sibh na foidhlichean seo atharrachadh mar a bhios iomchaidh airson a' Mhòd agaibh fhèin.

Tha sinn an dòchas gum bidh seo feumail dhuibh.

www.ancomunn.co.uk

Provincial Mod Support Package

We have put together a package of documents which may be of use to Provincial Mod Committees when preparing for future Mods.

These include templates for entry forms, adjudicator and chairperson's guidelines, adjudication sheets, Mod rules and so on.

Please feel free to use any of these templates and adapt them to suit your own Mod requirements.

Please click to view documents We hope you will find this useful.

www.ancomunn.co.uk



An Comunn Gàidhealach

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail | The Royal National Mod

2012 DÙN OMHAIN 12 – 20 DÀMHAIR | DUNOON 12 – 20 OCTOBER

2013 PÀISLIG 11 – 19 DÀMHAIR | PAISLEY 11 – 19 OCTOBER

2014 INBHIR NIS 10 – 18 DÀMHAIR | INVERNESS 10 – 18 OCTOBER

For Provincial Mòd dates and more go online:

www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282

Mòd Ionadail Obar Pheallaidh

Thadhail ceudan de dhaoine air Mòd Obar Pheallaidh air an 8mh & 9mh den t-Ògmhios airson dà latha de fharpaisean ceòl, òrain agus beul-aithris Gàidhlig anns a' bhaile beag Gàidhealach seo ann an Siorrachd Pheairt.

Chaidh farpaisean òigridh a chumail air an Dihaoine ann an Talla a' Bhaile, le clann bho sgoiltean air feadh Siorrachd Pheairt agus àiteachan eile cuideachd. Ghabh sgoilearan bhon chlas Gàidhlig ùr ann am Bunscoil Bhraghaid Albainn pàirt airson a' chiad uair cuideachd.

Am-bliadhna seo, chaidh tachartasan Disathairne a chumail ann an Ionad Choimhearsnachd Braghaid Albainn agus dh'obraich seo math dha rìreabh. Bha mòran phìobairean, seinneadairean, cluicheadairean agus còisirean an làthair airson pàirt a ghabhail anns na farpaisean. Chaidh iomadach duais a bhuannachadh airson sgìre Obar Pheallaidh fhèin, mar eisimpleir, bhuannaich Còisir Gàidhlig Obar Pheallaidh am farpais airson cuach airson farpais òran Gàidhlig ceithir-fhillte.

Bha an comataidh airson a bhi an sàs anns a' choimhearsnachd nas motha agus airson beagan airgid a thogail dhan sgìre. Mar sin, chruthaich iad làrach-lìn ùr air a' mhìos a chaidh seachad, gus fiosrachadh a thoirt seachad mun a' Mhòd agus mu dheidhinn na tachartasan a tha iad a' cur air dòigh. Leis gun robh mòran dhaoine a' tadhal air a' bhaile airson a' Mhòd, chur an comataidh air dòigh farpais airson na bùithtean agus buidhnean ionadail, far an robh aca ri na h-uinneagan aca a sgeadachadh, gus inbhe an fhèis a thogail agus barrachd dhaoine a thoirt a-steach.

Thuirt Màiri Stiùbhart, Neach-gairm a' Mhòid, "Tha sinn cho toilichte leis cho math 's a chaidh cùisean am bliadhna. Dh'obraich a h-uile duine cho cruaidh gus dèanamh cinnteach gum biodh Mòd soirbheachail againn agus bha gach duine ris na bhruidhinn mi a' moladh a' Mhòid. 'S e togallach sgoinneil a bh' againn airson na farpaisean agus bha an luchd-obrach cho cuideachail agus cho taiceil dhuinn fhèin agus dhan luchd-èisteachd."



Aberfeldy Provincial Mod

Aberfeldy Mod once again attracted hundreds of participants to the Highland Perthshire village on the 8th & 9th June for two days of Gaelic music, song and oral tradition competitions.

Friday saw the children's events take place in the Town Hall with participants from schools across Perthshire and beyond. This year also saw children from the recently-opened Gaelic medium class in Breadalbane Primary participate for the first time.

A change in the organisation of the Mod this year saw all events on Saturday being held in the new Breadalbane Community Campus which was heralded as a great success. Many pipers, singers, musicians and choirs gathered on campus to participate in a variety of competitions. There were a number of home wins for Aberfeldy, notably the Aberfeldy Gaelic Choir winning the Quaich for their 4-part harmony Gaelic song.

This year, the organisers were keen to further engage with the community and help give a boost to the local economy. A new website was launched last month, www.aberfeldymod.com, with a view to letting people know about the Mod and to share information about the events taking place. With a number of additional visitors to Aberfeldy during the Mod, members of the committee organised a window-dressing competition with many local businesses participating in raising awareness of the festival and attracting new custom.

Mary Stewart, Mod Convener, said "We are really delighted with the response this year. Everyone has pulled together to organise a fantastic event and everyone I've spoken to has complemented the organisation. Breadalbane Community Campus is a very good venue for the Mod and staff have been very helpful in accommodating us and the visitors".

Full results and information on next year's event will be posted on the website at www.aberfeldymod.com



Pictured above - Gillian Macdonald, Dunkeld, sweeps the board winning 3 trophies for Gaelic Song; Sandy Campbell from Crief wins the Gaelic Song competition

Mòd Ionadail Uibhist

Chaidh Mòd Ionadail Uibhist a chumail air an 1mh & 2mh den t-Ògmhios ann an Sgoil an Iochdair. 'S e Mòd air leth a bh' ann agus tha sinn a' coimhead air adhart ri tachartas nas motha an ath-bhliadhna! Gheibhear liosta de na farpaisich a bhuannaich aig: <http://www.acgmod.org/localmods/detail/uist/ga>.

Annas na dealbhan tha:

Còisir Sgoil Dhalabroig; Sgoil an Iochdair a bhuannaich farpais dealbh-cluich na Bunsgoil; Cailean Martindale a bhuannaich farpais Pìobaireachd Neo-Theòma; Maggie Dhòmhnallach, Sgoil an Iochdair; Talla làn aig a' chonsairt air oidhche Dhisathairne. Mealaibh ur naidheachd!



Uist Provincial Mod

The Uist Provincial Mod took place on the 1st & 2nd of June in Sgoil an Iochdair. The Mod was a great success and we look forward to an even bigger and better event next year! Results are available at <http://www.acgmod.org/localmods/detail/uist>.

Pictured below are:

Còisir Sgoil Dhalabroig, winners of the Hebridean Jewellery Shield; Sgoil an Iochdair – Primary Playlet Winners; Cailean Martindale – Piping Novice Champion; Maggie Macdonald, Sgoil an Iochdair and a full house at the Concert on the Saturday evening – congratulations!



Ma tha sibh airson fiosrachadh mun Mhòd Ionadail agaibh a chur dhan chuairt-litir seo cuiribh fios thugainn:
If you wish to include any information about your Provincial Mod in this newsletter please email details to:

marina@ancomunn.co.uk



12th - 20th October 2012

www.dunoonmod2012.org

Teachdaireachd bhon Chomataidh Ionadail!

Tha Comataidh Ionadail a' Mhòid trang a' cur air dòigh tachartasan eadar-dhealaichte gus airgead a chruinneachadh airson a' Mhòd, a bhios a' tòiseachadh air an 12mh den Dàmhair.

Bha cèilidh againn air an 23mh den t-Ògmhios. 'B e Teàrlach MacColla Fear an Taighe airson an oidhche. Ghabh Jemma Nic Iain, Morag Nic a' Ghobhainn, Jim Camshron, Seumas Greumach agus Tormod MacFhionguin pàirt anns a' chèilidh agus bha danns' againn le Còmhlán Cèilidh Niall Mac na Ceàrdaich.

Chaidh cèilidh a chumail ann an Taigh-òsta Earra Ghàidheal air an 29mh den t-Ògmhios agus bha sinn uamhasach toilichte gun robh Donnie 'Large' Dòmhnallach, à Leòdhas agus San Francisco còmhla rinn.

Bha Madainn Cofaidh againn cuideachd air an 7mh den Iuchar ann an Talla nan Saor Chlachairean, gus airgead a thogail dhan Chomataidh Ionadail.

Seo dìreach feadhainn de na tachartasan tha sinn air a bhith a' cur air dòigh suas chun a' Mhòd anns an Dàmhair. Ma tha sibh airson tighinn gu fear de na tachartasan againn no ma tha sibh airson ur cuideachadh, cuiribh fios thugainn!

Message from the Local Committee!

The Local Organising Committee have been busy with various fundraisers recently, gearing up for the Mod which will kick off on the 12th of October in Dunoon.

We hosted a great fundraising cèilidh on the 23rd June. Fear an Taighe for the evening was Charlie MacColl from Lochaber. Our guest artistes for the evening included Jemma Johnson, Morag Smith, Jimmy Cameron, James Graham and Norman MacKinnon. The dance was led by the fantastic Neil Sinclair Cèilidh Band.

A Cèilidh took place on the 29th June in the Argyll Hotel, where we were delighted to have Donnie 'Large' Macdonald from Lewis and San Francisco as our guest artiste.

We also held a coffee morning on Saturday 7th July in the Masonic Hall to generate some more funds for the Local Committee.

These are just some of the fundraising events we are hosting in the build-up to the Mod in October. If you would like to attend one of our events or get involved then please get in touch!

www.dunoonmod2012.org



GRAND PRIZE DRAW

1ST Prize: £3, 000

2nd Prize: £2, 000

3rd Prize: £1, 000

Plus many other consolation prizes.

Draw will take place on

Friday 19th October 2012 @ Mod Dance



Farpaisean Pìobaireachd

Tòisichidh Mòd na bliadhna seo le farpaisean Pìobaireachd air Disathairne 13mh den Dàmhair ann an Dùn Omhain.

Feumar iarrtasan a chur a-steach airson farpaisean òigridh agus inbheach ro Dihaoine 13mh den Iuchar. Gheibhear foirm-iarrtas air an làrach-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu na farpaisean agus riaghailtean air an làrach-lìn againn aig:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

Aig an ìre seo, tha sinn a' smaoinichadh gur ann am Bùnsgoil a' Chùirn agus Taigh-òsta Earra Ghàidheal a thèid na farpaisean pìobaireachd a chumail. Ach thèid seo a dhearbhadh ann am prògram oifigeach a' Mhòid a bhios ri fhaighinn nas fhaisg air an àm.

Ma dh' aithnicheas sibh duine sam bith aig am biodh ùidh anns na farpaisean seo, feuch gun cuir sibh an fhiosrachadh seo thuca.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig:

www.ancomunn.co.uk



Piping Competitions

*The Mod returns to Dunoon this year with the piping competitions taking place on **Saturday 13th October 2012.***

*Both senior and junior entries for any piping competitions must be submitted **by Friday 13th July 2012.** Entry forms can be downloaded from our website.*

Details about the competitions themselves can be found by downloading the syllabus at:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

It is likely that the competitions will take place in Kirn Primary School and the Argyll Hotel, Dunoon. However, this information will be confirmed nearer the time, and published in the official Mod programme which will be available in due course.

Please forward this information to anyone you think may be interested in taking part in the Mod piping competitions.

For any further information, please visit:

www.ancomunn.co.uk



Tillibh Duaisean a' Mhòid

Tha an ceann latha airson tilleadh duaisean a' Mhòid air ais thugainn a' tighinn faisg – [Dihaoine 31 Lùnastal 2012](#). Feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil iad [air an glanadh](#) agus gu bheil sibh air [ainmeanan a chur orra](#) ron cheann latha seo.

Tha ceudan de dhuaisean againn agus feumaidh sinn an clàradh agus dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart gu leòr nuair a thig iad a-steach. Mar sin, mur an tèid iad an tilleadh chun a' mhionaid mu dheireadh, bheir sin tòrr a bharrachd obair dhan luchd-obrach, aig àm nuair a tha an oifis cho trang co dhiù! Mar sin, dèanaibh cinnteach gun till sibh iad ann an tìde, gus nach bidh briseadh-dùil aig na farpaisich air latha nam farpaisean!

Return of Trophies

Remember that all Mod trophies are to be returned to us by [Friday 31st August 2012](#).

Please ensure your trophies are returned [engraved](#) and [polished](#) by the closing date.

There are several hundred trophies in total which we have to check and record. Therefore if they are returned late, this can create a lot of extra work for staff at a time when the office is already busy!

To avoid disappointment for new prize-winners on the day of competitions, please ensure that trophies are returned to us on time!

Tallaichean airson Mòd 2012

Tha sinn air liosta a chur ri chèile le tallaichean airson farpaisean Mòd na bliadhna seo. Bheir seo beachd dhuibh càite am bi na farpaisean a' gabhail àite agus cuin.

Ach ['s dòcha gun tèid feadhainn aca atharrachadh](#) a-rèir co mheud a chuireas a-steach airson na farpaisean, meud na tallaichean agus mar sin air adhart.

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-2012-programme/ga>

Bidh am prògram oifigeil ri fhaighinn nas fhaisg air an àm.

Venue List Available for Mod 2012

We have made a provisional list of venues for this year's Royal National Mod competitions in Dunoon.

These will give an idea of where competitions will be located and on which days.

Please note however that [this may be subject to change](#) depending on competitions entries, venue size etc.

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-2012-programme>

The official Mod programme will be available in due course.

Sgeama Measaidh a' Mhòid

Cuimhnich gu bheil Sgeama Measaidh a' Mhòid air atharrachadh beagan.

Tha an sgeama ùr coltach ris an fhear a bh' ann ach le atharraichidhean cudromach na chois. Tha eisimpleirean de chòmhradh rim faotainn air an làrach-lìn againn aig www.ancomunn.co.uk far am faicear na structairean as cudromaiche a dh' fhaodar a bhith air an cleachdadh agus inbhe gach còmhradh a dh' fheumas a choileanadh aig gach ìre.

Ma tha sibh airson Measadh a chur air dòigh no airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh fòn gu Seumas Greumach air 01463 709 705 no post-d air james@ancomunn.co.uk

Gaelic Assessment

Remember that there have been changes made to the Gaelic Assessment scheme, which are now effective for Mod 2012.

The new assessment scheme is similar to the old one but with important differences. There are now sample conversations available online at www.ancomunn.co.uk to let competitors see what key structures they should be able to use and the standard of conversation expected for each level.

To arrange a test or for further information, please contact James Graham on 01463 709 705 or email james@ancomunn.co.uk



Cinn Latha Feumail!**Blasad Mhuile**

Biadh, Òrain, & Sgeulachdan Ionadail
 Diciadain 18 Iuchar
 Talla Àros
 Tobarmhoire
 7.30f
 £10.00
enquiries@mullmod.org.uk

Dates for your Diaries!**A Flavour of Mull**

Local food, songs, stories,
 Wednesday 18th July
 Aros Hall
 Tobermory
 7.30pm
 £10.00
enquiries@mullmod.org.uk

Mòd Phàislig 2013 Cèilidh & Dannsa

Le
 Grant MacPhàrlainn
 (a bhuannaich farpais Mòd Phàislig 2013 airson Fonn Ùr)
 Dihaoine 31 Lùnastal
 Ionad Wynd, 6 Slighe na Sgoile, Pàislig
 7f gu anmoch

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig
[facebook.com/modphaislig2013](https://www.facebook.com/modphaislig2013), post-d gu
modphaislig2013@yahoo.co.uk no
 cuiribh fòn gu Ealasaid air 07535514385

Mòd Phàislig 2013 Cèilidh Dance

With
 Grant MacFarlane
 (Winner of the Mòd Phàislig 2103 tune competition)
 Friday 31 August
 The Wynd Centre, 6 School Wynd, Paisley
 7.30pm 'til late

For further details go to [facebook.com/modphaislig2013](https://www.facebook.com/modphaislig2013),
 email modphaislig2013@yahoo.co.uk or
 call Ealasaid on 07535514385

MADAINNEAN COFAIDH, DÙN OMHAIN

Bidh Clì Gàidhlig a' ruith trì madainnean cofaidh ann an Dùn Omhain timcheall air àm a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. Bheir na madainnean neo-fhoirmeil seo cothrom dhan choimhearsnachd an cuid Gàidhlig a chleachdadh mus tig tachartas mòr na bliadhna agus tha sinn 'n dòchas gun toir e luchd-ionnsachaidh is fileantaich ionadail cruinn còmhla. Tha fàilte ron a h-uile duine aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig tighinn chun nan tachartasan.

Taigh-Òsta Glenmorag, Dùn Omhain

Disathairne 11mh An Lùnastal 2012 11.00 – 13.00
Disathairne 29mh An t-Sultain 2012 11.00 – 13.00
Disathairne 3mh An t-Samhain 2012 11.00 – 13.00

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios gu Clì Gàidhlig:
robyn@cli.org.uk, 01463-226841

**COFFEE MORNINGS, DUNOON**

Clì Gàidhlig will be running three coffee mornings in Dunoon around the time of the National Mòd. These informal mornings will give the community an opportunity to practice their Gaelic before the year's big event and we hope it will bring local learners and fluent speakers together. Everybody with an interest in Gaelic is welcome to come along to the events.

Glenmorag Hotel, Dunoon

Saturday 11th August 2012 11.00 – 13.00
Saturday 29th September 2012 11.00 – 13.00
Saturday 3rd November 2012 11.00 – 13.00

For more information please contact Clì Gàidhlig:
robyn@cli.org.uk, 01463-226841

**Mòd Phàislig 2013 100 Club**

If you are interested in joining the Mòd Phàislig 2013 100 Club email modphaislig2013@yahoo.co.uk or call Ealasaid on 07535514385

Mòd Phàislig 2013 100 Club

If you are interested in joining the Mòd Phàislig 2013 100 Club email modphaislig2013@yahoo.co.uk or call Ealasaid on 07535514385

Bùth a' Chomuinn

Tha cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig, CDs, cairtean Gàidhlig, mìosachain, agus mòran eile againn.

Postachd

Airson òrdughan anns an Rìoghachd Aonaichte suas gu £30, cosgaidh am postachd 15% den chosgais gu lèir. Tha postachd an-asgaidh airson òrdughan barrachd air £30.

Airson òrdughan bho thall-thairis, bu chòrr dhuibh bruidhinn ri Bùth a' Chomuinn air 01851 703 487 no cuiribh post-d gu marina@ancomunn.co.uk airson prìs.

Cuimhnichibh gu bheil Buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh de 10% sa bhùth againn. Bu chòrr buidhnean mar Croileagan agus sgoiltean fios a chur thugainn airson prìs fhaighinn cuideachd.

Mur a bheil sibh cinnteach dè tha sibh airson a cheannachd dha cuideigin mar tiodhlac, gheibhear cuideachd bileag èarlais agus mar sin, faodaidh iad rudeigin a thaghadh iad fhèin!

An Comunn Shop

You can buy a variety of Gaelic books, Cds, calendars, greeting cards and much more.

Postage






For UK orders up to the value of £30 postage and packing will be charged at 15% of the total cost.

Postage and Packing is free for orders over £30.

Overseas customers should contact the An Comunn Gàidhealach Shop directly on 01851 703 487 or email marina@ancomunn.co.uk to arrange payment.

Members of An Comunn Gàidhealach are entitled to a 10% discount. Any Schools, colleges, children's groups etc should contact the An Comunn Gàidhealach Shop directly on 01851 703 487 to enquire about special discounts.

An Comunn Gàidhealach Gift vouchers are also available which can be used for books, CDs and any of our other stock, so if you're unsure what to buy someone, let them choose themselves!





Seòladh Ùr

Tha oifis Inbhir Nis air gluasad bho
109 Sràid na h-Eaglaise gu:

**Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR**

Bidh an aon àireamh fòn againn ged ta:

01463 709 705.

Feuch gun dèan sibh cinnteach gur ann gu
Taigh Baile an Athain a thilleas sibh ur duaisean
airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo,
agus chan ann gu Sràid na h-Eaglaise!

New Address

Our Inverness office has now relocated from
109 Church Street and is now based at:

**Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR**

The telephone number however will remain
as:

01463 709 705.

Please ensure all trophies for this year's Royal
National Mod are returned to Balnain House
and not Church Street!

Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith
aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean
agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan
chuart-litir seo?

Ma tha, cuiribh thugainn an fhiosrachadh gu:

marina@ancomunn.co.uk

no cuiribh fòn air 01851 703 487.

What's on?

*Does your Committee, Choir or Group have
any coming events or any news you may
wish us to publish in this newsletter?*

If so, please forward any information to:

marina@ancomunn.co.uk

or telephone 01851 703 487.

www.ancomunn.co.uk

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chur fiosrachadh thugainn airson a chuairt-litir seo.

Many thanks to all those who have contributed information for this newsletter.